



A' dèanamh Christingle


Na dh'fheumas tu:

- Orainsear
- Ceithir biorain bheaga
- Coinneal
- Ribean dearg



Stiùireadh:

- Ceangail an ribean dearg mu mheadhan an orainseir le cnot.
- Cuir suiteis air na biorain.
- Cuir na biorain gu cothromach a-steach a mheadhan an orainseir.
- Cuir a' choinneal san toll a rinn an tidsear ann am mullach an orainseir.
- Bi faiceallach ma lasas tu an Christingle, agus feuch gum bi inbheach còmhla riut.



Dè as ciall don Christingle?

- Tha an t-orainsear a' riochdachadh an t-saoghail.
- Tha an ribean dearg a' riochdachadh gràdh Dhè agus fuil Chrìosd air a' chrann-cheusaidh.
- Tha na rudan milis air na biorain a' riochdachadh nan nithean a chruthaich Dia anns na ceithir ràithean.
- Tha a' choinneal a' riochdachadh Chrìosd mar sholas an t-saoghail.